



Boo!



Dee Reid • Valeria Petrone



Seo piseag.

'S e Coco an t-ainm a th' oirre.

Tha i ruadh agus tha sùilean uaine innte.

Aon latha chaidh Coco a-mach a chluich
anns a' ghàrradh còmhla ri a caraid Tòmas.

Chaidh Tòmas am falach.

Chunnt Coco gu deich.

“Tha mi tighinn,” thuirt Coco.

Bha Tòmas anns a’ bhara.

Thuirt Coco,



Càite bheil thu?



Choimhead Coco anns a' bhara.

Cha robh Tòmas ann.

Bha Tòmas aig a' phoit.

Thuirte Coco,



Càite bheil thu?



Choimhead Coco anns a' phoit.

Cha robh Tòmas ann.

Bha Tòmas air cùlaibh nam flùraichean.

Thuirt Coco,





Càite bheil thu?

Choimhead Coco anns na flùraichean.

Cha robh Tòmas ann.

Cha robh e anns a' bhara.

Cha robh e anns a' phoit.

“Càite bheil thu?” thuirt Coco.

“Seo mi!” thuirt Tòmas.

